

---

## Semeastar 1 2016-17

BA Cànan is Cultar na Gàidhlig  
MA Gàidhlig le Foghlam

---

<b>Tìotal a' Mhodail:</b>	Dualchas Gàidhlig
<b>Còd a' Mhodail:</b>	UQ509829
<b>Là is Ceann-là</b>	Diardaoin 15 Dùbhlachd, 2016
<b>Uair/Ùine:</b>	13.25–16.30

'S fhiach an deuchainn seo 50% de na comharran a ghabhas faighinn gu h-iomlan sa mhodail.

### Fiosrachadh:

Chan eil leabhraichean ach faclairean ceadaichte airson na deuchainn seo is chan fhaodar stuth sgrìobhte sam bith a thoirt a-steach do sheòmar nan deuchainnean.

Gheibhear còig mionaidean airson na ceistean a leughadh mus tòisich an deuchainn.

Faodar **notaichean** a sgrìobhadh sna còig mionaidean seo.

Feumaidh tu peann **dubh no gorm** a chleachdadh.

### A crìochnachadh do dheuchainn:

Tha 8 ceistean anns an deuchainn seo, agus feumaidh tu **3** a fhreagairt, co-dhiù **1** bho Earrainn A: Luchd Cruinneachaidh, agus **1** bho Earrainn B: Teòiric.

Cuir an **àireamh oileanach** agad agus an **t-ionad-mheasaidh** a-mhàin air beulaibh gach leabhar-freagairt.

**Na cuir** d' ainm air pàirt sam bith eile den leabhair.

Cuir loidhne tro notaichean sam bith nach eil thu ag iarraidh a bhith air an comharrachadh.

Faodar am pàipear seo a thoirt a-mach à seòmar nan deuchainnean.

---

## Earrainn A: Luchd-cruinneachaidh

1. Tagh aon neach-cruinneachaidh beul-aithris air a' Ghàidhealtachd air an tug sinn sùil air an t-semeastar seo. Dèan iomradh goirid air a b(h)eatha, agus mìnich ciamar a dheasaich ise no esan a' bheul-aithris a chaidh a chruinneachadh airson a' chlà.
2. Dèan measadh air na deifir dhòighean anns an do dh'fheuch luchd-cruinneachaidh beul-aithris na Gàidhlig ri sealltainn dha luchd-leughaidh an t-saoghail a-muigh gun robh na chruinnich iad 'earbsach' no *credible*, 's e sin ri ràdh bho bheòil nan daoine fhèin.
3. Dèan measadh air a' bhuidhe, math no dona, a bh' aig aon neach-cruinneachaidh beul-aithris na Gàidhlig air neach-cruinneachaidh eile.
4. A' tarraing air eisimpleir aon neach-cruinneachaidh beul-aithris, dèan tomhais air cho cudromach 's a bha lìonraidhean no *networks* de luchd-taic (luchd-maoineachaidh, can, luchd-deasachaidh, no luchd-cruinneachaidh eile) gus na h-amasan aige/aice a thoirt gu buil.

## Earrainn B: Teòiric

5. Le eisimpleirean bho co-dhiù dithis luchd-cruinneachaidh beul-aithris, dèan measadh air na trioblaidean eadar-dhealaichte a dh'fhaodadh a bhith ann an lùib eadar-theangachadh dualchas na Gàidhlig bho Ghàidhlig gu Beurla.
6. Dèan measadh air na buaidhean a th' air a bhith aig atharrachaidhean ann an teicneòlas air obair-cruinneachaidh dualchas nan Gàidheal, gu h-àraid anns an linn mu dheireadh.
7. Nad bheachd-sa, dè na feartan agus na comasan pearsanta as cudromaiche a chuidicheas neach-cruinneachaidh beul-aithris? Thoir eisimpleirean seachad bhon luchd-cruinneachaidh air an tug sinn sùil air an t-semeastar seo.
8. 'Folklore has long served as a vehicle in the search for the authentic, satisfying a longing for an escape from modernity.' [Regina Bendix]

Dèan tomhais air mar a tha an '*longing*' seo – cianalas airson nan seann làithean agus miann a bhith a' teicheadh bho shaoghal an latha an-diugh – air nochdadh ann an obair feadhainn de luchd-cruinneachaidh beul-aithris na Gàidhlig. Cleachd eisimpleirean bhon bheul-aithris a chruinnich iad agus a dheasaich iad airson a' chlà.